STORYWORLDS

An Leòmhann agus an Luchag



Air ath-innse le Diana Bentley . Na dealbhan le Cathy Baxter



Uair bha siud bha leòmhann mòr agus luchag bheag ann.

Aon là chunnaic an luchag bheag an leòmhann na shìneadh anns a' choille.

Chunnaic an leòmhann an luchag bheag.

Rug e air an luchaig bhig le spòig.

“Na ith mi,” thuirt an luchag.

“Aon là, ’s dòcha gun cuidich mi thu.”


Rinn an leòmhann gàire ach leig e às an luchag bheag.

“Tha thu ro bheag,” thuirt an leòmhann.

“Dè nì thusa dhòmhsa?”

Ach thuirt an luchag bheag,





Cuidichidh mi thu

An ath là chaidh an leòmhann a ghlacadh ann an lìon.

"Cuidich mi," thuirt an leòmhann.


Thàinig muncaidh agus thuirt e,




Cuidichidh mi thu

Dh'fheuch am muncaidh ri chuideachadh.
Ach cha b' urrainn dha.
"Cuidich mi, cuidich mi," thuirt an leòmhann.
Thàinig nathair agus thuirt i,




Cuidichidh mi thu

Dh'fheuch an nathair ri chuideachadh.

Ach cha b' urrainn dhi.

"Cuidich mi, cuidich mi," thuirt an leòmhann.

Chuala ailbhean an leòmhann.

Thàinig an t-ailbhean agus thuirt e,




Cuidichidh mi thu

Dh'fheuch an t-ailbhean ri chuideachadh.

Ach cha b' urrainn dha.

"Cuidich mi, cuidich mi," thuirt an leòmhann.

Chuala an luchag bheag an leòmhann.

Thàinig an luchag bheag agus thuirt i,




Cuidichidh mi thu

Chagainn an luchag bheag na ròpan.
Bhrist na ròpan agus fhuair an
leòmhann às.
“Tapadh leat,” thuirt an leòmhann.
“Tha thu beag ach chuidich thu mi.”
Rinn an luchag bheag gàire agus thuirt i,

